



Tha Pàigheadh Ciorraim Inbheach a' dol an àite Pàigheadh Neo-eisimeileachd Pearsanta ann an Alba

Dè tha a' tachairt?

Ann an Alba, tha Pàigheadh Ciorraim Inbheach ga chur an àite Pàigheadh Neo-eisimeileachd Pearsanta (PIP). Gheibh daoine pàigheadh bho Thèarainteachd Shòisealta Alba is chan ann bho Roinn na h-Obrach 's nam Peinnsean (DWP) tuilleadh. Chan fheum daoine a tha a' faighinn Pàigheadh Neo-eisimeileachd Pearsanta an-dràsta iarrtas a dhèanamh airson Pàigheadh Ciorraim Inbheach agus cha tèid an ath-mheasadh. Thèid an duais aca a ghluasad gu fèin-obrachail.

An urrainn do dhaoine taghadh fuireach leis an DWP?

Chan urrainn do dhaoine taghadh gum bi am pàigheadh aca a' fuireach aig an DWP. Bidh sochairean sònraichte, mar an tè seo, a' gluasad gu Tèarainteachd Shòisealta Alba mar phàirt de Thiomnadh Cumhachd do dh'Alba.

Am bi buaidh aig seo air pàighidhean?

Cha bhi buaidh aige air an t-suim airgid a gheibh daoine. Gheibh daoine an aon suim airgid, don aon chunntas 's a bhios iad a' faighinn nam pàighidhean aca an-dràsta.

Cuin a thachras an gluasad seo?

Thòisich sinn a' gluasad PIP gu Pàigheadh Ciorraim Inbheach aig deireadh an Lùnastail 2022. Tha sinn ag amas air gluasad a chrìochnachadh airson gach sochair ciorraim ro dheireadh 2025.

Ciamar a bhios fios aig daoine gu bheil am pàigheadh aca ga ghluasad?

Sgrìobhaidh sinn gu daoine ro làimh gus innse dhaibh cuin a thachras an t-atharrachadh agus a-rithist nuair a bhios an gluasad dèante. Innsidh an litir seo do dhaoine cuin a thòisicheas am Pàigheadh Ciorraim Inbheach aca agus cuin a gheibh iad a' chiad pàigheadh.

Dè thachras ma dh'atharraicheas suidheachadh dhaoine nuair a bhios an gluasad a' tachairt?

Ma dh'atharraicheas càil mus fhaigh daoine dearbhadh gu bheil am pàigheadh aca air gluasad gu Tèarainteachd Shòisealta Alba, feumaidh iad innse don DWP cho luath 's a ghabhas le fòn an-asgaidh gu 0800 121 4600.

Dè mu dheidhinn lìosan Motability?

Ma tha carbad Motability agad leis gu bheil thu a' faighinn na h-ìre mheudaichte den phàirt gluasaid de PIP, bidh e comasach dhut an carbad a chumail nuair a ghluaiseas tu gu Pàigheadh Ciorraim Inbheach. Ma thathar a' cleachdadh dìreach pàirt den chuibhreann comas gluasaid airson an lìosa, bidh daoine fhathast a' faighinn an airgid a tha air fhàgail.

Dè thachras ma tha tinneas-bàis air an neach?

Bidh daoine a tha a' fulang tinneas-bàis nam prìomhachas airson gluasad. Tha daoine a tha a' fulang tinneas-bàis fo aois peinnsein a gheibh Pàigheadh Ciorraim Inbheach gu fèin-obrachail airidh air an duais mheudaichte airson beatha làitheil agus an duais mheudaichte airson comas-gluasaid. Ma tha iad nas sine na aois peinnsein na stàite nuair a thòisicheas an duais Pàigheadh Ciorraim Inbheach aca, gheibh iad an aon ìre de chomas-gluasaid 's a fhuair iad airson PIP. Cha dèan sinn ath-bheachdachadh air a' Phàigheadh Ciorraim Inbheach aca, mura h-iarr iad oirnn sin a dhèanamh. Tha na riaghailtean againn mu cò gheibh Pàigheadh Ciorraim Inbheach fo riaghailtean sònraichte eadar-dhealaichte bho riaghailtean an DWP.

Dè thachras do shochairan co-cheangailte?

Cha bhi buaidh aig a' ghluasad air a' chòir air sochairan agus seirbheisean co-cheangailte. Feumaidh daoine innse do bhuidhnean, leithid ùghdarrasan ionadail, a tha a' rianachd nan sochairan co-cheangailte aca gu bheil an duais aca air gluasad?

Dè thachras ma tha daoine faisg air àm an ath-bheachdachadh DWP aca?

Thèid daoine a ghluasad gu Pàigheadh Ciorraim Inbheach mus tig am PIP gu crìch gus nach bi briseadh anns na pàighidhean aca.

Ma dh'innseas cuideigin mu atharrachadh san t-suidheachadh aca, tòisichidh seo an gluasad. Tha seo gus nach bi ath-bheachdachadh aca air an duais PIP leis an DWP. An àite sin nì sinn ath-bheachdachadh air am Pàigheadh Ciorraim Inbheach.

Tòisichidh an gluasad air a' cheann-latha a bhiodh an DWP air tòiseachadh air ath-bheachdachadh a' PIP aca. Ma tha duais PIP aig cuideigin gun cheann-latha ath-bheachdachaidh, tòisichidh an gluasad 6 mìosan mus tig an duais PIP aca gu crìch. Mura h-innis cuideigin mu atharrachadh agus nach eil ath-bheachdachadh aca san amharc, thèid a' chùis aca a thaghadh airson gluasad tron phròiseas stiùirichte againn. Thèid an fheadhainn aig a bheil na cinn-latha ath-bheachdachaidh as fhaide san àm ri teachd a thaghadh an toiseach.

Comhairle neo-eisimeileach

Faodaidh daoine comhairle neo-eisimeileach fhaighinn rè a' ghluasaid no às a dhèidh. Faodaidh iad comhairle a shireadh bho Chomhairleachadh a' Phobail Alba neo le bhith a' bruidhinn ri buidheann eile a tha air taic a thoirt dhaibh roimhe.

Faodaidh iad cuideachd fios a chur chun na seirbheis tagraidh neo-eisimeilich aig VoiceAbility le gairm fòn gu **0300 303 1660** no post-d gu **SocialSecurityAdvocacy@voiceability.org**.

Gheibh iad tuilleadh fiosrachaidh mun phròiseas gluasaid aig **mygov.scot/benefit-transfer** no faodaidh iad fònadh Tèarainteachd Shòisealta Alba an-asgaidh air **0800 182 2222**.



Tha mòran dhaoine draghail mun chosgais bith-beò. Chan eil thu nad aonar. Gus faighinn a-mach dè an taic a dh'fhaodadh tu fhaighinn, tadhail air **gov.scot/costoflivingsupport**. No tadhail air Biùro Comhairleachaidh an t-Sluaigh faisg ort.

Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?



Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222



Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (do dhaoine a tha maol sa chlaisneachd)



Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatainn: contactscotland-bsl.org



Webchat: chat.socialsecurity.gov.scot